

Tha Magaidh Nic a' Ghobhainn ag innse mu chànain an t-saoghail.

Pàirt 1

Tha faisg air sia mìle cànain gam bruidhinn anns an t-saoghal anns an latha an-diugh. 'S e àireamh mòr a tha seo a tha a' sealltainn gu bheil farsaingeachd de dhualchasan agus dòighean-beatha air a' phlanaid againn. Ach chan eil a' chùis cho sìmplidh ri sin. Tha gu leòr de chànain an t-saoghail ann am fìor chunnart. Gu dearbh, thathar a' smaointinn gum bàsaich ceithir mìle dhiubh ro dheireadh an linn seo. Gu fortanach, chan eil dùil gum bi a' Ghàidhlig air tè den fheadhainn seo a thèid à bith. Ged nach eil staid na Gàidhlig cho làidir 's a bu mhiann leinn, tha i ann an suidheachadh fada nas fheàrr na a' mhòr-chuid de chànain an t-saoghail.

Pàirt 2

Carson a tha an t-uabhas de chànain ann an droch staid? Uill, tha cànain mhòra an t-saoghail mar a' Bheurla, Sìonais agus Spàinntis air sgaoileadh gu mòran àiteachan far nach b' àbhaist dhaibh a bhith. Tha foghlam agus na meadhanan air feum mòr a dhèanamh dha na cànain seo. Cha robh mòran Beurla, mar eisimpleir, air a bruidhinn air taobh siar na Gàidhealtachd ceud bliadhna air ais ach tha an dà rud seo air buaidh mhòr a thoirt air a' Ghàidhlig bhon uair sin. Tha seo mar eisimpleir air na tha a' tachairt air feadh an t-saoghail. Ann an suidheachaidhean mar seo, bidh meas mòr mar as trice air a chur air na cànain mòra fhad 's a bhios gu leòr a' dèanamh dìmeas air na cànain bheaga.

Pàirt 3

Chanadh cuid nach eil e gu diofar ma bhios cànain a' dol à bith agus nach bu chòir dragh a bhith oirnn. Ach 's cinnteach gur e call mòr a th' ann nuair a thèid rud sam bith à bith oir, aon uair 's gum falbh e, chan fhaighear air ais e. Tha sinn a' dèanamh gach dìcheall dìon a chur air beathaichean a tha ann an cunnart oir tha sinn a' tuigsinn nach bi an saoghal cho inntinneach no sònraichte às an aonais. Feumar cuimhneachadh gu bheil an aon rud fìor a thaobh cànain a thèid à bith: gum bi cultar agus dòigh-beatha sònraichte a' falbh leis. Feumar gach dìcheall a dhèanamh gus cànain an t-saoghail a dhìon.